

Companaidhean Breatannach a' dèanamh cron air Inneanaich Cholombia?

GÀIDHLIG



In his Gaelic column this month, **ANDREAS WOLFF** gives us an insight into hardships faced by native Colombians and work that is being done to safeguard human rights

AIG amannan tha teagamh a' nochdadh a bheil a' Ghàidhlig gu bhith beò san àm ri teachd. Chaidh a chur sìos oirre fad linnnean gu ìre agus nach urrainnear a bhith cinnteach. Ach tha i an-diugh a' faighinn taic de dh'iomadach seòrsa. Chan eil an taic sin cho làidir agus a tha e sa Chuimrigh, agus tha gu leòr fhathast nàimhdeil dhi. Ach chan eil an nàimhdeas sin càil còtach ris na tha cuid a mhion-sluaghann a' fulang ann an Colombia an Aimearaga a Deas.

Thadhail mise air Colombia ceithir tursan agus cha b' ann mar neach-turais. Bha mi an còmhnaidh a' fuireach comhla ri muinntir na dùthcha. Tha iomadach trioblaid aig an dùthaich sin: Tha eu-coir cumanta air sràidean a' phrìomh-bhaile Bhogotá, ach a dh'aindeoin sin feumaidh mì ràdh gur e dùthaich bhreàgha a th' innte.

Is e Colombia an deamocrasaidh sa sine ann an Aimearaga a Deas. Ach chan eil fios aig sluagh nam baillean mòra air na trioblaidean air an t-saigh. Thachair mi ri dùthcha a tha beò ann agus dhùthchail an Colombia ann an Glaschu bho chionn ghoidh. Bha iad an seo le cuireadh bho ABColombia, carthannas Breatannach a tha a' strì airson còirichean a' chinne daonna san dùthaich sin, agus SCIAF. Bha Robert Daza Guevara a' riochdachadh tuathanaich 'campesinos' agus Alex Guango na riochdaire airson an t-sluagh Inneanaich Awa. Tha iad le chèile a' fulang le fòirneart bho eu-còirich a tha an sàs ann an drugaichean mì-laghail. Tha an stàit a' feuchainn ri cur às dha na drugaichean agus iad a' cur itealan dhan sgìre le puinnsean. Marbhadh sin gach seòrsa lus ge-tà a' toirt a-steach am biadh a tha daoine a' fàs. Bidh an t-arm cuideachd a' dol dhan sgìre agus tha an slugh a' fulang bho ionn-saighnean bho ghach taobh.

Tha buidhnean Guerilla air a bhith ag obair san dùthaich airson deichead de bhliadhnaichean agus iad ag ràdh gu bheil iad airson dùthaich comunach a stèidheachadh. Bha iad sin a' cleachdadh clann dhe na treubhan Inneanaich mar shaighdearan is iad cuideachd a' sabaid an aghaidh an arm. Tha èigheachadh agus muirt cumanta. Thairis air an trì bliadhna mu dheireadh chaidh 200 Awa a mhuirt. Bidh iad cuideachd a' cur mèinnean pearsanta agus mar sin chan urrainn dha na h-Awa cuid dhe na

slighean aca a choisreachd.

Chan eil sin gu leòr ge-tà. Tha Colombia beartach a thaobh gual, òr agus eile. Tha mèinnean air feadh na dùthcha mar-thà. Leis mar tha an stàit lag sna sgìrean dùthchail tha arm aig na companaidhean fhèin airson tearainteachd a bhith aca. Ged a tha laghan ann a tha a' toirt air an stàit co-chomhairleachadh a chumail ris na h-Inneanaich cha dèan iad sin ach às dèidh dhaibh làmh a chur ri cùmhant le companaidh. Le sin chan eil roghainn aig na h-Inneanaich a bhith na aghaidh. Tha cuid dhe na companaidhean sin stèidhichte ann am Breatainn. Gu tric tha obair na mèinnearachd a' ciallachadh gum feum daoine an dachaighean fhàgail. Mar sin tha an dòigh beatha aca ann an cumnart. A-nis dh'imnne an riaghaltas gu bheil iad airson an obair mèinnearachd àrdachadh le trì uidhir. Tha mèinnean cuideachd a' truaillleadh an àrainneachd ge-tà.

Dh'fhoadadh gur e buille-bàs a tha seo dha na h-Awa. Tha mu 20000 beò san sgìre shònraichte a chaidh a thoirt dhaibh. Dh'imnse Alex dhomh gu bheil an dàrna leth dhiubh air a' chànán thùsanach aca a chall mar-thà ach gu bheil an riaghaltas air lagh a thoirt a-steach a cheadacheas leotha foghlam a thoirt seachd tron a' chànán aca fhèin. Ma thèid an obair mèinnearachd a leudachadh bidh aig cuid ri falbh dha na bailtean mòra ge-tà agus bidh mòran beò an sin ann am bochdainn. Tha an riaghaltas ag ràdh gu bheil iad airson daoine a thoirt a-mach à bochdainn leis an airgead a gheibh iad bho na companaidhean mèinnearachd ann an cisean. Ach tha na cisean gu math ìseal agus an obair a' cruthachadh barrachd bochdainn sa chiad àite. Tha dochas ann ge-tà agus an Eaglais gan cuideachadh.

Tha iad cuideachd a' fòiseachadh a chaismeachd agus aire an t-sluaigh a thogail. Chan fhacas mòran sna meadhanan ann an Colombia mu dhèidhinn gu ruige seo, ach dh'fhoadadh gun atharraich sin. Tha ABColombia airson is gun sgrìobh daoine dha na buill-pàrlamaid aca agus gun iarr iad orra impidh a chur air Riaghaltas Bhreatainn rudeigin a dhèanamh mu dhèidhinn.

Sin e bhuamsa an turas seo à Glaschu. Gus an ath-mhìos: Beannachd leibh.

■ earra-ghaidheal@gmx.net



THE Gaelic language was under attack for centuries, but it is now getting widespread support. Native tribes in Colombia still face multiple hostilities today.

I recently met two representatives (pictured above right) from rural areas, one of whom was a campesino farmer and the other was a member of the indigenous Awa people. Both were here on invitation by ABColombia,—a British charity which

campaigns for human rights there—and SCIAF.

They suffer violence from the drug mafia, marxist Guerrillas, paramilitaries, the army as well as having to put up with mining companies, some of them operating out of Britain. These companies sign a contract

with the central government in Bogotá, and only afterwards some kind of consultation exercise is carried out. Mining displaces people living in the area, and some move to the cities where they often live in poverty. It destroys their way of life and their culture.

Now the Colombian government wants

to triple mining activities. They say they intend to spend some of the money collected in taxes to combat poverty. But taxes are very low, and more mining is likely to create more poverty.

ABColombia encourage people here to write to their MPs asking them to put pressure on the government to make sure British mining companies respect human rights and to try and get the Colombian government to think again.

Ann am Beurla (In English)